

An t-Seanail ùr aig BBC Scotland

Breith air an atharrachadh air Cead-obrachaidh Ofcom
airson seirbheisean poblach a' BhBC

STATEMENT

Publication Date: 31 January 2019

Clàr

Earrann

1. Foir-shealladh

1

1. Foir-shealladh

Air 24 Gearran 2019 cuiridh am BBC an t-Seanail ùr aig BBC Scotland (“BBC SC”) air bhog agus sguiridh seirbheis roghainneil BBC a Dhà Scotland a chraoladh. Tha an Aithris seo a’ nochdadh Breith Ofcom a thaobh a bhith ag atharrachadh a’ Chead-obrachaidh airson seirbheisean poblach a’ BhBC (“An Cead”)¹ agus am “BBC SC” ùr a thoirt a-steach.²

A’ bhreith againn – giorrachadh

Ghabh sinn co-dhùnadh an Cead atharrachadh anns na raointean a leanas:

Tha sinn a’ soilleireachadh mar bu chòir gnothach a ghabhail ri prògraman BBC SC (agus BBC Alba) a thaobh fheumalachdan airson prògraman a dhèanamh anns na dùthchannan agus na roinnean. Thèid ‘cuideam neoni’ a chur air prògraman a nochdas air BBC SC agus BBC airson cuid de chuotannan do lìonraidhean.

Tha sinn a’ nochdadh mar bu chòir prògraman air an co-choimiseanadh le seirbheisean eadar-dhealaichte aig a’ BhBC a làimhseachadh gus beachd a ghabhail air cuotannan sònraichte. Tha sinn a’ toirt a-steach chumhaichean ùra a shoilleiricheas mar bu chòir don BhBC aithisg a thoirt a rèir cuotannan caiteachais is uairean anns a’ Chead aige agus e a’ gabhail gnothaich ri susbaint air a co-choimiseanadh le seirbheisean eile aig a’ BhBC, leithid BBC One, BBC Two agus BBC Four. Tha sinn den bheachd gu bheil na h-atharrachaidhean a’ toirt a’ bhrosnachaidh a tha freagarrach don BhBC beachd a ghabhail air cothroman co-choimiseanaidh, agus susbaint aig àrd-ìre air BBC SC a dhaingneachadh a chum maitheas luchd-amhairc na h-Alba.³

Tha sinn a’ toirt air falbh iomraidhean sam bith air seirbheis roghainneil BBC Two Scotland bhon Chead, gus leigeil fhaicinn gun tig seo gu crìch nuair a nochdas BBC SC. Ann a bhith ga dhèanamh, ge-tà, tha sinn a’ cur air BBC SC cuid de na cumhaichean a chuireadh air BBC Two Scotland. Tha sinn cuideachd ag atharrachadh cuid de chuotannan a rèir uairean a bhuineadh ri roghainnean eadar-dhealaichte BBC One agus BBC Two air an toirt còmhla, gus leigeil fhaicinn gu bheil BBC Two Scotland air a dhùnadh.

Tha sinn a’ cur fheumalachdan a bharrachd mu cheadachadh air BBC SC. Nì iad seo cinnteach gun tèid 250 uair a thìde air a’ char as lugha de shusbaint a chraoladh air BBC SC aig an àm as motha luchd-amhairc; gum bi 75% de na bhios BBC SC a’ cur a-mach air a dhèanamh suas le stuth tùsail; agus gum bi air a’ char as lugha 90% den stuth tùsail a nochdas an toiseach air an t-seanail ùir air a dhèanamh ann an Alba.

Tha am foir-shealladh seo dìreach na ghiorrachadh sìmplidh aig ìre àrd. Tha na breithean a ghabh sinn agus na h-adhbharan againn riutha gan nochdadh anns an sgrìobhainn làin gu h-iseal.

- 1.1 Is e am BBC an solaraichean mheadhanan as motha a thathar a’ cleachdadh anns an Rìoghachd Aonaichte, a’ tairgse phrògraman air telebhisean is rèidio, a bharrachd air susbaint air-loidhne. Tha dùil mhòr mhòr aig an t-sluagh ris a’ BhBC, air a chruthachadh leis an àite a tha aige mar chraoladair air a mhaoineachadh gu poblach le raon-ùghdarras fiosrachadh, foghlam agus fealla-dhà a thoirt dhan phoball, a bharrachd air taic a chur ris an eaconamaidh chruthachail air feadh na rìoghachd.

¹ Dh’fhoillsich Ofcom a’ chiad dreach den Chead-obrachaidh air 13 Dàmhair 2017 agus dreach air a leasachadh den Chead-obrachaidh air 27 Màrt 2018.

² https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf_file/0017/107072/bbc-operating-licence.pdf

³ faic 2.12-17

The new BBC Scotland Channel

- 1.2 Gus frithealadh air an dùil seo, feumaidh am BBC an rùn agus na h-adhbharan poblach anns a Chairt a libhrigeadh, a' toirt a-steach feumalachd gun tèid an suth as cruthachaile, as àirde ìre agus as suaicheanta a chur a-mach. A rèir Adhbhar Poblach (4), feumaidh am BBC na coimhearsnachdan eugsamhail ann an dùthchannan is roinnean uile na Rìoghachd Aonaichte a nochdadh, a riochdachadh agus a fhrithealadh agus, ann a bhith ga dhèanamh, taic a chur ris an eaconamaidh chruthachail air feadh na Rìoghachd Aonaichte.⁴ Tha mar leasachadh ris na h-Adhbharan Poblach anns an Aonta dleastanasan nas mionaidiche.
- 1.3 Bidh Ofcom a' cumail a' BhBC cunntachail airson libhrigeadh an rùn aige agus a' cur air adhart nan adhbharan poblach aige, mar a thathar a' nochdadh anns a' Chairt. Aonan de na dòighean sam bi sinn ga dhèanamh is e socrachadh Cead-obrachaidh anns a bheil sreath de chumhaichean-riaghlaidh dhan fheum am BBC gèilleadh. Thug Ofcom a' chiad Chead seachad anns an Dàmhair 2017.
- 1.4 Feumaidh Ofcom dleastanasan a chur air a' BhBC gus a dhèanamh cinnteach gun tèid gu leòr de thìde lìonra a' BhBC a thoirt do phrògraman a' bualadh air dùthaich no roinn, gu bheil iad aig ìre àrd agus gun tèid an dèanamh anns na raointean buntainneach.
- 1.5 Feumar fon Aonta ann a bhith a' socrachadh chumhaichean-riaghlaidh gum bi Ofcom gu sònraichte mothachail air an fheum gum faigh am BBC toradh agus seirbheisean suaicheanta, agus gur h-e aon mhìr ann a bhith a' beachdachadh air na tha suaicheanta an ìre de shusbaint thùsail a thathar a' cruthachadh anns an Rìoghachd Aonaichte.⁵
- 1.6 Tha an Aonta a' sònrachadh dà sheòrsa de phrògram far an fheum Ofcom cumhaichean a shocrachadh: "prògraman-lìonra" agus "prògram[an] a' bualadh air dùthaich no roinn". Nam measg seo tha feumalachdan gun dèanar ìre de phrògraman an taobh a-muigh sgìre an M25, ann an Alba (mar anns gach Dùthaich), gum faodar cuibhreann freagarrach de chaiteachas a' BhBC a chur ri ionadan-riochdachaidh an taobh a-muigh an M25, agus gun tèid raon ionadan-riochdachaidh a chleachdadh.⁶
- 1.7 Thug an Cead a chaidh a chur a-mach anns an Dàmhair 2017 leis cuotannan airson phrògraman anns an gabhadh luchd-amhairc anns gach dùthaich ùidh, Alba nam measg, agus ullachadh airson susbaint air roghainn BBC Two Scotland. Seach gun tèid an t-seirbheis seo à bith nuair a nochdas an t-seanail ùr, air 24 Gearran 2019, tha Ofcom den bheachd gun fheum sinn an Cead-obrachaidh a leasachadh gus na h-atharrachaidhean seo a chur am follais.
- 1.8 Anns an t-Samhain 2017, dh'fhoillsich am BBC molaidhean mu sheanail-telebhisein BBC Scotland. Ghabh Ofcom os làimh measadh air farpais – air a bheilear a' toirt tarraing an seo mar am "BCA" – gus faighinn a-mach an cuireadh an luach poblach a tha ga thairgse leis an t-seanail ùir ri droch-bhuaidhean sam bith a dh'fhaodadh èirigh air farpais cheart is èifeachdach.⁷

⁴ Tha "a' Chairt" ga cleachdadh anns a' chòrr den sgrìobhainn seo mar iomradh air an [Royal Charter for the continuance of the British Broadcasting Corporation](#). Thathar a' toirt tarraing air an [Agreement between the Secretary of State for Culture, Media and Sport and the British Broadcasting Corporation](#) mar an "Aonta".

⁵ Pàipear-taice 2 Earrann 1 den [Agreement](#)

⁶ Pàipear-taice 2 Earrann 7. (1) (a) gu (e) den [Agreement](#)

⁷ https://www.ofcom.org.uk/_data/assets/pdf_file/0016/115270/BBC-scotland-statement.pdf

The new BBC Scotland Channel

1.9 A rèir sin, dh'fhoillsich sinn co-chomhairleachadh⁸ a nochd na bha sinn a' moladh gus Cead-obrachaidh a' BhBC ("an Co-chomhairleachadh") atharrachadh air 29 Lùnastal 2018, agus air 26 Ògmhios 2018.

Cùl-fhiosrachadh

1.10 Ann am paragrafan 1.5 gu 1.22 den Cho-chomhairleachadh, nochd sinn:

- eachdraidh BBC SC a' gabhail a-steach nam molaidhean a dh'fhoillsich am BBC don t-seanail ùir air 30 Samhain 2017, na Dheuchainn mu Ùidh a' Phobaill (PIT)⁹, agus breith Ofcom a dh'fhoillsicheadh air 26 Ògmhios 2018 a leig leis a' BhBC dol air adhart le BBC SC;
- na dleastanasan a chruthaicheas Cairt agus Aonta a' BhBC anns an raon seo; agus
- na cumhaichean a bhuineas ri Alba anns a' Chead a tha ann an-dràsta.

Amasan a' Cho-chomhairleachaidh air Seanail BBC Scotland

1.11 Mhol sinn gun rachadh an Cead a leasachadh ann an còig dòighean, gus:¹⁰

a) nochdadh mar bu chòir gnothach a ghabhail ri prògraman BBC SC a thaobh nam feumalachdan gus prògraman a dhèanamh anns na dùthchannan is na roinnean, (a thog ceist mu làimhseachadh BBC Alba, rud a dh'fheuch sinn ri shoilleireachadh cuideachd uime sin);

b) nochdadh mar bu chòir beachd a ghabhail air prògraman air an co-choimiseanadh le caochladh sheirbheisean telebhisein aig a' BhBC gus beachd a ghabhail air cuotannan sònraichte;

c) a h-uile tarraing air seirbheis roghainneil BBC Two Scotland a thoirt às a' Chead;

d) cuid de na dleastanasan an lùib seirbheis roghainneil BBC Two Scotland a chumail agus an cur an sàs do BhBC SC; agus

e) feumalachd eile mun Chead a chur air a' BhBC gus naidheachdan a sgaoileadh aig an Àm as Motha Luchd-amhairc.

1.12 Ghabh sinn gnothach le dà cheist eile ceangailte. Is iad seo:

a) dè na ceuman mu choileanadh a tha Ofcom am beachd cleachdadh gus measadh a dhèanamh air coileanadh BBC SC; agus

b) mar a bha sinn am beachd measadh a dhèanamh air coileanadh BBC Two Scotland fon Chead anns an eòlas gun tèid e à bith ri linn bliadhna a' choileanadh, 2019.

Freagairtean air a' Cho-chomhairleachadh air Seanail BBC Scotland

1.13 Fhuair sinn naoi freagairtean air a' Cho-chomhairleachadh againn: am BBC; STV; PACT; MG ALBA; Riaghaltas na h-Alba; Comataidh-chomhairleachaidh Ofcom's na h-Alba; agus triùir neach fa leth. Tha sinn air beachd a ghabhail air na freagairtean uile ann a bhith a' gabhail nan co-dhùnidhean againn agus tha sinn air na freagairtean uile fhoillseachadh nan iomlan air an làrach-lìn againn.¹¹

⁸ <https://www.ofcom.org.uk/consultations-and-statements/category-2/variation-operating-licence-bbc-public-services>

⁹

http://downloads.bbc.co.uk/aboutthebbc/insidethebbc/howwework/accountability/consultations/bbc_public_interest_test_submission.pdf

¹⁰ Earrann 1.23 den [BBC Scotland Channel Consultation](#)

¹¹ <https://www.ofcom.org.uk/consultations-and-statements/category-2/variation-operating-licence-bbc-public-services>

The new BBC Scotland Channel

- 1.14 A bharrachd air beachdan a nochdadh mu na h-atharrachaidhean sònraichte a thathar a' moladh air a' Chead, nochd luchd-freagairt beachdan air a' bhuidh a dh'fhaodadh an t-seanail ùr toirt air roinn a' chraolaidh ann an Alba, co-choimiseanadh riochdachaidhean, feumalachdan mu Ghàidhlig is Albais, susbaint thùsail a' nochdadh don chiad turas agus cuotannan mu riochdachadh, a cho math ri fastadh, maoinachadh is clàradh a' BhBC don t-seanail ùir. Dh'aontaich PACT agus Riaghaltas na h-Alba anns an fharsaingeachd ri cruth nan atharrachaidhean a bha sinn a' moladh, chuir craoladairean eile ceist mun droch-bhuaidh a dh'fhaodadh an t-seanail ùr toirt air saoghal nam meadhanan ann an Alba.
- 1.15 Ann an Earrann a Dhà den sgrìobhainn seo tha giorrachadh againn air beachdan a nochd luchd-freagairt, measadh air na h-argamaidean a chuireadh an cèill agus mìneachadh de na co-dhùnidhean a rinn sinn.

Co-dhùnadh agus na h-ath cheuman

- 1.16 A rèir an sgrùdaidh a nochdas ann an Earrann a Dhà, chuir sinn romhainn Cead-obrachaidh a' BhBC atharrachadh. Tha sinn air an Cead air a leasachadh a nochdadh gu h-iomlan ann an Leasachan a h-Aon agus tha am Brath foirmeil mu Atharrachadh ga nochdadh ann an Leasachan a Dhà.
- 1.17 Thig na h-atharrachaidhean gu h-àrd gu bith air 24 Gearran 2019.